



Teisteanais  
Nàiseanta  
2018

**X872/75/11**

**Eachdraidh**

DICIADAIN, 16 CÈITEAN

1:00 F – 3:20 F

**Comharran gu lèir — 80**

**ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 26 comharran**

Feuch AON phàirt.

**ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 29 comharran**

Feuch AON phàirt.

**ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran**

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 8 7 2 7 5 1 1 \*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

## ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA

### PÀIRTEAN

E. Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900-1928

Duilleagan 04–05

## ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN

### PÀIRTEAN

C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770-1807

Duilleagan 06–07

D. Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

Duilleagan 08–09

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

### PÀIRTEAN

C. Na Stàitean Aonaichte, 1850-1880

Duilleagan 10–11

D. Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Duilleagan 12–13

G. Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra sna SA, 1918–1968

Duilleagan 14–15

## ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 26 comharra

## Pàirt E — Linn a' Chiad Chogaidh Mhòir, 1900-1928

Feuch na ceithir ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

17. Dè an ìre gu bheil e fìor gum b' e am beart-ghunna am ball-airm a b' èifeachdaiche air an Aghaidh an Iar aig àm a' Chogaidh Mhòir?

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bh' aig factaran eadar-dhealaichte agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

9

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na bacaidhean a thòisich fo Achd Dìon na Dùthcha.

**Stòr A**

Chaidh Achd Dìon na Dùthcha (DORA) a stèidheachadh anns an Lùnastal 1914. A rèir na h-Achd, chan fhaodadh duine bruidhinn mun nèibhidh no mun arm ann an àiteachan poblach. Chan fhaodadh tu na bu mhò fathannan a sgaoileadh mu chùisean armailteach. Chan fhaodadh tu a dhol air loidhneachan-rèile no air drochaidean gun chead. Chaidh barrachd a chur ris an liosta mar a chaidh an cogadh air adhart, agus bha liosta fhada ann de nithean nach fhaodadh daoine a dhèanamh aig àm cogaidh. A bharrachd air an sin, thòisich an Uair Ùr (British Summer Time) airson gum biodh barrachd uairean de sholas ann airson obair a bharrachd a dhèanamh.

18. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air a' bhuaidh a bha aig na bacaidhean a thòisich air sgàth Achd Dìon na Dùthcha? (Cleachd **Stòr A** agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

Tha **Stòr B** bho agallamh ann am pàipear-naidheachd a rinn am Prìomh Mhinistear David Lloyd George, agus a chaidh fhoillseachadh air 22 Lùnastal 1918.

### Stòr B

Tha e mìorbhaileach mar a thàinig boireannaich air adhart airson obrachadh gu saor-thoileach ann an oifisean rianachd de gach seòrsa. Cha bhiomaid air a' chùis a dhèanamh anns na mìosan mu dheireadh mura b' e gun robh boireannaich ag obair anns na h-ospadail. Tha an àireamh mhòr de bhana-ghaisgich a chaidh a dh'obair air cùl nan loidhneachan-aghaidh, agus a bha a' dràibheadh ambaileansan, air a bhith ann an cunnart a h-uile latha. 'S e mo theachdaireachd dhaibh-san: "S math a rinn sibh. Cumaibh a' dol. Tha sibh a' cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh saoghal ùr dhuibh fhèin agus dhan chloinn agaibh".

19. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air obair bhoireannach aig àm a' Chogaidh Mhòir. 5
- (Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
20. Mìnich na h-adhbharan airson gun do rinn na Suffragettes cron air iomairt nam bhòtan do bhoireannaich. 6

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air Duilleag 06]

## ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 29 comharran

## Pàirt C — Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

31. Dè an ìre chun an do rinn còmhstri threubhan, a chaidh a bhrosnachadh le malairt nan tràillean, an cron a bu mhotha air comainn shòisealta Afraganach? 9

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** mun bhuidh a bha aig malairt ris a' Charibbean air eaconamaidh Bhreatainn.

## Stòr A

Lean Breatainn a' malairt ris a' Charibbean fad iomadh bliadhna. Bha bathar a bha tràillean air a dhèanamh, leithid siùcar agus cofaidh, a' tighinn a-steach a phuirt ann am Breatainn. Chuidich sin iad gu fàs nan ionadan-malairt bheairteach, chumhachdach. Bha e a' toirt obair ann an iomadh port oir bha fir air am fastadh mar sheòladairean, luchd-togail bhàtaichean agus mar luchd-obrach anns na docaichean. Bha na prothaidean bho mhalairt nan tràillean air an tasgadh ann an leasachadh gnìomhachasan eile ann am Breatainn. Thog teaghlaichean beairteach bho na colonaidhean taighean mòra, spaideil ann am mòran de na mòr-bhailtean anns an robh iad ri malairt ann am Breatainn.

32. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh na buaidh a bha aig malairt ris a' Charibbean air eaconamaidh Bhreatainn? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.) 6
33. Thoir cunntas air na dòighean anns an robh tràillean air am peanasachadh air na planntachasan. 4

Tha Stòr B agus C mu na dòighean a chleachd na daoine a bha airson cur às do thràilleachd.

### Stòr B

Chleachd na daoine a bha airson cur às do thràilleachd iomadh dòigh airson cur às do mhalairt nan tràillean. Dh'atharraich beachd a' mhòr-shluaigh air sgàth chunntasan pearsanta nuair a dh'inns daoine a mhair beò mu na h-uabhasan a dh'fhuiling iad air an t-Slighe Mheadhain. Chuir iomadh neach aig an robh tràillean an taic ris na cunntasan sin, agus thug iad fhèin cunntasan gu math coltach riutha mu uabhasan na malairt. Bha daoine leithid Clarkson a bha airson cur às do thràilleachd a' dol timcheall na dùthcha leis na h-uidheaman a bha air an cleachdadh air na tràillean airson sealltainn cho dona 's a bha daoine a' dèiligeadh riutha.

### Stòr C

Chaidh Comataidh airson Cur Às do Thràilleachd a stèidheachadh le Thomas Clarkson agus Granville Sharp. Bha Clarkson a' dol timcheall Bhreatainn le uidheaman mar ghlasan-làimhe agus ghlasan-mheur gus taic fhaighinn airson na h-iomairt. Dh'fhoillsich John Newton, fear aig an robh tràillean roimhe, bileag a bha ag innse mu staid ghràineil malairt nan tràillean agus dhaingnich e cunntasan nan tràillean. Dh'fhoillsich cuid de na tràillean, mar Olaudah Equiano, eachdraidh-beatha a bha ag innse mu na thachair dhaibh agus dh'atharraich sin beachdan a' mhòr-shluaigh.

34. Dèan coimeas eadar na beachdan ann an **Stòran B** agus **C** mu na dòighean a bha air an cleachdadh le daoine a bha airson cur às do thràilleachd. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.) 4
35. Mìnich na h-adhbharan airson gun tug e cho fada cur às do mhalairt nan tràillean ann am Breatainn. 6

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air Duilleag 08]

## ROINN 2 - CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN— 29 comharran

## Pàirt D — Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

36. Dè an ìre chun an tug slàintealachd nas fheàrr a' bhuaidh a bu mhotha air slàinte dhaoine eadar 1760 agus 1914?

9

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhèidh** reusanta.)

Tha **Stòran A** agus **B** mu riaghailtean agus mu pheanasan do luchd-obrach ann am factaraidhean aodach-fighte.

## Stòr A

Riaghailtean Muileann Waterfoot:

Thèid càin air neach sam bith a bhios fadalach a' tighinn a dh'obair.

Thèid càin air neach sam bith a bhios a' bruidhinn ri luchd-obrach eile an àite a bhith ag obair.

Thèid neach sam bith a bhios a' smocadh anns an àite a chur às obair sa bhad.

Tha e an urra ris an luchd-sgrùdaidh na riaghailtean a chur an gnìomh agus cuiridh iad fios mu gach càin gu na maighstirean.

'S e an luchd-sgrùdaidh a' chiad fheadhainn a bhios anns an togalach anns a' mhadainn agus 's iad an fheadhainn mu dheireadh a dh'fhàgas an togalach air an oidhche.

## Stòr B

Cha b' urrainn don luchd-obrach pàirt den tuarastal aca a chall airson rudan mar a bhith fadalach. Bha cuid den luchd-fastaidh fiù 's a' cur clocaichean na factaraidh 15 mionaidean air thoiseach anns a' mhadainn airson gum biodh an luchd-obrach gu lèir fadalach. Bha càin ann airson rudan eile cuideachd mar bruidhinn, feadalaich no seinn. Bha cumhachd aig luchd-seilbh mhuilnean neach-obrach sam bith a chur às a dhreuchd ma bha iad a' briseadh nan riaghailtean.

37. Dèan coimeas eadar **Stòran A** agus **B** mu riaghailtean agus mu pheanasan ann am factaraidhean aodach-fighte. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

4



Tha **Stòr C** mu na laghan a dh'adhbharaich cor-obrach na b' fheàrr anns na mèinnean-guail.

### Stòr C

Thuir Achd nam Mèinnean 1842 nach fhaodadh duine fo aois 15 a bhith ag obrachadh innealan no uidheam-tionndaidh. Ach cha do rinn an achd seo càil gus stad a chur air gillean na bu shine na 10 bho bhith ag obair fon talamh. Ann an 1850, bha e riatanach don h-uile neach aig an robh mèinnean innse mu thubaistean a dh'adhbharaich bàs. Thàinig barrachd adhartais ann a bhith a' dèanamh mhèinnean nas sàbhailte nuair a thàinig tuill-mèinne shingilte gu bhith mì-laghail. An uair sin ann an 1872, fhuair mèinnearan a' chòir luchd-sgrùdaidh a chur an dreuchd bhom measg fhèin.

- |     |  |   |
|-----|--|---|
| 38. | Dè cho slàn 's a tha <b>Stòr C</b> a' mìneachadh nan dòighean anns an do chuidich laghan gu bhith a' dèanamh cor-obrach na b' fheàrr anns na mèinnean-guail? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.) | 6 |
| 39. | Mìnich na h-adhbharan airson gun tug leasachadh nan rèilean buaidh cho mòr air Breatainn.  | 6 |
| 40. | Thoir cunntas air iarrtasan nan Chartists.   | 4 |

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air Duilleag 10]

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran

## Pàirt C — Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** à leabhar-sgoile a sgrìobh eachdraichean bhon latha an-diugh agus a chaidh fhoillseachadh ann an 1998.

**Stòr A**

Mhair Cogadh Catharra Ameireaga bho 1861 gu 1865. An dèidh don chogadh sgur, bha na mìltean de shaighdearan airson beatha ùr a dhèanamh dhaibh fhèin. Bha mòran de na tràillean dubha a bha air an ùr shaoradh a' coimhead airson beatha ùr. Bha e follaiseach gum bu chòir dhaibh a dhol don Iar. Bha riaghaltas nan SA cuideachd ag aithneachadh gun robh feum air daoine a dhol don Iar airson seo a choileanadh, agus chuir iad an gnìomh Achd a' Homestead ann an 1862. Bha an lagh seo a' brosnachadh dhaoine gluasad don Iar agus fhuair gach teaghlach cead seatlaigeadh air 160 acaire fearainn.

56. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na h-adhbharan a bha aig daoine airson gluasad don Iar. 5  
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)
57. Thoir cunntas air na duilgheadasan a bha aig an luchd-tuineachaidh a shiubhail don Iar. 4
58. Mìnich na h-adhbharan airson gun do dh'fhàs taic don Phàrtaidh Phoblachdach anns na 1850an. 6

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air Duilleag 12]

Tha **Stòr B** mu na Còdan Dubha.

### Stòr B

B' e na Còdan Dubha laghan a chaidh a chur an gnìomh anns na Stàitean a Deas an dèidh a' Chogaidh Chatharra. Bha iad air an dealbh gus bacadh a chur air an t-saorsa aig daoine a bha roimhe nan tràillean. Thug iad a' chòir bhunaiteach do thràillean air an ùr shaoradh cuid-seilbh a bhith aca agus fhaighinn mar dhìleab. Bha a' chòir aig daoine a bha roimhe nan tràillean dìon laghail a bhith aca. Ach dh'fheuch na Còdan Dubha rim bacadh bho bhith a' cleachdadh na còir bhòtaidh ann an taghaidhean. Ann an cuid de stàitean chuir na Còdan Dubha stad air tràillean air an ùr shaoradh bho obraichean àraidh agus rinn iad cinnteach nach fhaigheadh iad ach tuarastal glè bheag.

59. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air mar a dhèilig na Còdan Dubha ri tràillean air an ùr shaoradh? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

6

Tha **Stòran C** agus **D** mu bheachd nan Tùsanach Ameireaganach air mar a dhèilig Riaghaltas nan SA riutha.

### Stòr C

Tha sinn airson bàsachadh ann an sìth agus a bhith a' faireachdainn nach beagaich an àireamh againn, agus nach tèid an t-ainm againn à bith. Chan urrainn dhuinn gabhail ri bhith beò an aghaidh ar toil air fearann nach eil freagarrach air na feumalachdan againn. Tha àireamh nan daoine againn a' beagachadh an seo, agus cumaidh an àireamh a' beagachadh mura bi cead aca tilleadh chun an fhearainn dhùthchasaich aca. Chan eil gnàth-shìde no fearann ann a tha coltach ris an dachaigh a chleachd a bhith againn.

### Stòr D

An dèidh Blàr Little Bighorn cha robh dòchas sam bith gum buannaicheadh feachd de Thùsanaich Ameireaga an aghaidh nan daoine geala. Cha robh roghainn ann dhuinn ach fuireach air tèarmann thùsanach agus bha beagan bhuannachdan an sin. Fhuair sinn fearann gu leòr airson bàrr fhàs. Ghabh a' mhòr-chuid ris an atharrachadh bho bhith nan sealgairean gu bhith nan tuathanaich. Bha am biadh pailt gu leòr agus chaidh àireamh-sluaigh nan Tùsanach Ameireaganach am meud.

60. Dèan coimeas air an fhiosrachadh ann an **Stòran C** agus **D** mu bheachdan nan Tùsanach Ameireaganach air mar a dhèilig Riaghaltas nan SA riutha. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

4

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran

## Pàirt D — Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

61. Thoir cunntas air na thachair anns a' Mhunic Beer Hall Putsch ann an 1923. 4
62. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh taic dha na Nadsaidhean air fàs anns an Lùnastal 1933. 6

Tha **Stòr A** à leabhar-sgoile a sgrìobh eachdraichean bhon latha an-diugh agus a chaidh fhoillseachadh ann an 2000.

**Stòr A**

Nuair a mhurt lùdhach diplomat Nadsaidheach ann am Paris air an t-7mh den t-Samhain 1938, thòisich geur-leanmhainn fhòirneartach anns a' Ghearmailt. Bhrosnaich am Ministear airson Propaganda, Joseph Goebbels, ionnsaigh a thoirt air bùithtean agus taighean le lùdhaich agus air sionagogan. Canar Kristallnacht (*Crystal Night*) ris an seo air sgàth na bha de ghlainne sgapte air feadh nan cabhsairean agus nan sràidean ann am bailtean agus mòr-bhailtean na Gearmailt. Chaidh mu 100 lùdhach a mhurt air sgàth na fòirneirt. Chaidh 20,000 eile a chur gu campaichean cruinneachaidh. An dèidh Kristallnacht chuir na Nadsaidhean iomairtean ùra an gnìomh airson na h-lùdhaich a gheur-leanmhainn.

63. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air mar a chaidh dèiligeadh ris na h-lùdhaich anns a' Ghearmailt Nadsaidhich eadar 1933 agus 1939. 5
- (Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air dùbhlain anns a' Ghearmailt Nadsaidhich eadar 1933 agus 1939.

### Stòr B

Thog cuid de luchd-obrach fianais-dhùbhlain le bhith a' diùltadh fàilte Nadsaidheach a chur air daoine. Dhiùlt feadhainn eile a dhol a dh'obair idir. Mhill cuid fiù 's innealan agus uidheamachd fhactaraidhean. Ann an 1939 bha aon neach-obrach factaraidh, Georg Elser, cho feargach air sgàth cion chòraichean do luchd-obrach agus gun do chuir e boma ann an talla far an robh Hitler gu bhith a' bruidhinn. Bha an uair dìreach ceart aig Elser; ach chuir Hitler crìoch air an òraid aige beagan mhionaidean tràth agus cha robh e air an àrd-ùrlar nuair a spreadh am boma.

64. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air fianais-dhùbhlain anns a' Ghearmailt Nadsaidhich eadar 1933 agus 1939? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gu tighinn gu co-dhùnadh.)

6

Tha **Stòran C** agus **D** mu bheachdan air buidhnean òigridh do nigheanan anns a' Ghearmailt Nadsaidhich.

### Stòr C

Bha buidhnean fa leth ann do nigheanan agus do ghillean. Do nigheanan, bha am buidheann gan ullachadh airson a bhith nam màthraichean agus bha a' mhòr-chuid a' gabhail ris an sin. Aig aois 10, bha nigheanan a' gabhail do Lìog nam Maighdeannan Òga (*League of Young Maidens*). Dh'fheumadh nigheanan ruith 60 meatair ann an 14 diogan, ball a shadail 12 meatair, fios a bhith aca mar a dhèanadh iad car-a-mhuiltein agus bha a' cho-fharpais a' còrdadh riutha. Nuair a bha iad 14, bha leasain aca ann am fuaigheal agus ann an còcaireachd agus fhuair a' mhòr-chuid dhiubh iad feumail.

### Stòr D

Bha nigheanan eadar 10-14 bliadhna a' gabhail do na Maighdeannan Òga far an robh iad ag ionnsachadh mar a bhiodh iad nan deagh mhàthraichean, ach bha gu leòr dhiubh ris nach robh seo a' còrdadh. Cha bu toigh le cuid de na nigheanan gum feumadh iad a bhith a' mèarrsadh shlighean agus a' gabhail pàirt ann an co-fharpaisean snàmh an aghaidh an toil. Eadar aois 14 agus 21, bha iad a' gabhail do Lìog nam Maighdeannan Òga far an robh iad air an ullachadh airson a bhith nam màthraichean do Ghearmailtich san linn a bha ri teachd. Bha clasaichean aca cuideachd ann am fuaigheal agus ann an obair-taighe agus bha mòran dhiubh den bheachd nach robh iad sin feumail.

65. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran C** agus **D** mu bheachdan air buidhnean òigridh do nigheanan anns a' Ghearmailt Nadsaidhich. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

4

## ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EORPA AGUS AN SAOGHAL — 25 comharran

## Pàirt G — Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra anns na SA, 1918–1968

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

76. Thoir cunntas air na duilgheadasan a bha aig in-imrichean anns na SA anns na 1920an. 4

Tha **Stòr A** à leabhar-sgoile a sgrìobh eachdraichean bhon latha an-diugh agus a chaidh fhoillseachadh ann an 2013.

**Stòr A**

Chaidh cur às do thràilleachd anns na 1860an, ach chleachd na stàitean aig Deas anns na SA laghan Jim Crow airson comann-sòisealta sgarichte a chumail. Cha robh cead aig clann dhubh a dhol don sgoil còmhla ri clann gheal. Aig an obair, bhiodh Ameireaganaich dhubha a' togail a' phàighidh aca air leth bho na daoine geala. Bha bacadh teann air daoine dubha agus daoine geala a bhith a' pòsadh a chèile. Ann an 1896, cho-dhùin an Àrd-chùirt gun robh sgaradh dhaoine dubha bho dhaoine geala ceart gu leòr. B' e 'sgaraichte ach co-ionann' an t-ainm a bha air a' cho-dhùnadh seo.

77. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na dòighean anns an do rinn laghan Jim Crow sgaradh eadar Ameireaganaich dhubha agus gheala. 5

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

78. Mìnich na dòighean anns an robh fianais-dhùbhlain mar sit-ins nan ceum cudromach air adhart anns an iomairt airson chòraichean catharra. 6

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air na thachair ann am Birmingham, Alabama ann an 1963.

### Stòr B

'S iongantach mura h-ann am Birmingham a bu mhotha a bha de sgaradh agus de ghràin-cinnidh anns na SA. Bha Martin Luther King os cionn fianais-dhùbhlain a mhèarrs tro Bhirmingham an aghaidh na leth-bhreith agus na neo-ionannachd a bha Ameireaganaich dhubha a' fulang anns a' bhaile. Bha clann a' mèarsadh aig an toiseach agus ghabh còrr is 30,000 neach-dùbhlain pàirt ann. Thug Ceannard a' Phoileis, Bull Connor, an t-òrdan airson an luchd-dùbhlain a chur an grèim agus chaidh mòran chloinne eadar 6 agus 18 bliadhna a chur don phrìosan. An ath-latha chaidh canain-uisge a chleachdadh airson an luchd-mèarsaidh a sgapadh. Bha ùpraid mhòr air feadh Ameireaga air sgàth nan nithean a thachair ann am Birmingham.

79. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air fianais-dhùbhlain nan còraichean catharra ann am Birmingham ann an 1963? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.)

6

Tha **Stòran C** agus **D** a' toirt cunntas air creideasan Malcolm X.

### Stòr C

Bha Malcolm X na cheannard ainmeil ann an Nàisean Islam. Bha gràin mhòr aig Malcolm air Ameireaganaich gheala, rudeigin coltach ri mar a bha gràin aig buill den KKK air Ameireaganaich dhubha. B' e na cinnidhean a bhith air an sgaradh am fuasgladh a bha e ag iarraidh air an leth-bhreith a bha Ameireaganaich dhubha a' fulang — Ameireaganaich dhubha a sgaradh bhon 'nàmhaid gheal'. Ann a bhith a' brosnachadh 'Black is Beautiful', bha Malcolm ag argamaid gun robh Ameireaganaich dhubha nan daoine a bha na b' fheàrr na cinnidhean eile.

### Stòr D

Cha do rinn Malcolm X riamh argamaid airson Ameireaganaich gheala a sgaradh bho Ameireaganaich dhubha. Bha e a' creidsinn gum bu chòir Ameireaganaich dhubha a bhith a' riaghladh os cionn choimhearsnachdan dubha, agus bha e cuideachd a' creidsinn ann an cumhachd gheal do dhaoine geala. Cha robh Malcolm riamh den bheachd gun robh daoine dubha na b' fheàrr na duine sam bith eile. Cha robh gràin aig Malcolm air Ameireaganaich gheala, ach cha robh earbsa aige annta. Cha b' ann air sgàth dath an craicinn a bha sin ach airson mar a bha iad a' dèiligeadh ris na daoine aige.

80. Dèan coimeas eadar na beachdan ann an **Stòran C** agus **D** mu chreideasan Malcolm X. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

4

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO